

Eu-ceartas Ait le Cairistiona Stone



Cha robh càil air fhàgail a-nis. Na phrìosanach - a-rithist - gun sgillinn ruadh na phòcaid.

Shuidh Ruairidh air an t-sèithear chruaidh agus shlaod e cuibhric ghlais mu thimcheall a ghluinean, a' feuchainn ri cofhurtachd bheag air choireigin a tharraing bho shuidheachadh. Ach, dè math? B' e choire fhèin a bh' ann gu robh e anns an toll dhubh, dhòlmach seo a-rithist. Carson a-riamh nach b' urra dha a bhith coltach ri càch? B' esan an t-amadan, an còmhnaidh air dheireadh air cothrom a ghabhail. An-còmhnaidh aig an àite cheàrr aig an am cheàrr. Solais dearg a' dol dheth air gach taobh...ach Ruairidh còir a' cumail a' gearradh co-dhiù. Bhreab e a chas le milleadh-dùil, fearg a' faighinn làmh-an-uachdair - fearg a bha mar phàirt de bheatha Ruairidh bho 's cuimhne leis. Ruith e

a làmhan tro fhalt, agus dhùin e a shùilean. Cò aig a bha fios nach fosgladh iad air beatha gu tur eadar-dhealaichte.

Beatha mar a bh' aig a bhràthair Daibhidh. Daibhidh - an duine mòr beartach; dubhadh-grèine air feadh gach òrlach de chorp. Nach b' e dh'fhaodadh a' ghrian a ghabhail, na sgiobair air corsair a' toirt daoine beartach eile air feadh an t-saoghail. Cha robh àite 's nach robh Daibhidh. Bha Ruairidh seachd sgìth ag èisteachd ris na sgeulachdan a bh' aig Daibhidh chòir, uair sam bith a thilleadh e dhachaigh. Searbh agus a' cur thairis le milleadh-dùil, dh'èisteadh Ruairidh le aon chluais, a' chluais eile bodhar, gun fhaireachdainn. Nan cluinneadh e aon uair eile mu dheidhinn nan tìrean-cèin, suaimhneas agus saibhreas...

Bha dachaighean aig Daibhidh ann an iomadh pàirt den dùthaich - roghainn aige air càite a deigheadh e uair sam bith a thogradh e. Duine glic a bh' air airgead a shàbhaladh agus a chur ann am breice is moirtear. An dùil an tigeadh e a cheilidh air Ruairidh? Le braoisgeadh, chuimhnich Ruairidh an turas mu dheireadh a bha e sa phrìosan. A' suidhe na dheise spaideil a' coimhead air Ruairidh mar nach robh ann ach cuid-thruais. Cha b' ann le co-fhulangas idir ach seòrsa de mhagadh agus fanaid an còrnair a shùla 's a' sgaoileadh air feadh aodann, gun fiù 's strì fhalach. Cha b' e nach robh Ruairidh a' feuchainn ri shlighe dhèanamh a's an t-saoghal, ach thàinig a h-uile càil air na thuit a làmh gu neoni. Neoni mòr, cruinn. Call air fad. Bho dh'fhàg e an sgoil, bha Ruairidh air feuchainn aon cheàrd 's an uair sin fear eile. An toiseach plumaireachd ach cha robh a' chùis a' còrdadh ris. Mi-fhoighidneach agus gun chomas leantainn, thionndaidh e inntinn gu dealan agus obair dealanair. Ach, cha robh an obair a' tighinn air càil na b' fheàrr na plumaireachd. Sheachain e an dà chuid.

Cha b' e sin dha Ailean, a bhràthair a b' òige. Fhad 's a bha Ruairidh a' plubadaich am measg phioban agus spiocaidean, no eadar càbaill agus sruth-dealain, bha Ailean air gnìomhachas a thogail an-àirde dha fhèin a' reic bhrògan; 's chan e aon bhùth, ach sreath ann am prìomh bhailtean na dùthcha. Bha e aig ìre a ruighinn far nach robh feum aige air obair a dhèanamh. Ach daoine eile ag obair air a shon. Ailean - an còmhnaidh spaideil, le brogan dubha faileasach gun spot. Mall air a' chorp. Choimhead Ruairidh sìos ri bhrògan fhèin - lom, salach, na barallan ceangailte le snaidhm, lag, briste.

Dh' fhalbh inntinn Ruairidh bho Ailean gu Bella. Cò aige bhiodh dùil a-riamh gun dèanadh a phiuthar Bella càil le beatha. Nam biodh duine aig nach robh amas, b' e Bella bhochd. Ach, a dh'aindeoin sin, bha ise air sgillinn no dhà a chruinneachadh le bhith deònach obair chruaidh a dhèanamh le iarnaigeadh aodach dhaoine eile. 'S iomadh latha a rinn Ruairidh a càineadh gu h-aodann, ach, na shuidhe san toll dhubh, fhuar, thàinig smuain thuige gur ise bu ghlice 's nach b' esan. Ise, agus a phiuthar Eilidh. Bha Eilidh air a bhith deònach coimhead as dèidh choin dhaoine eile nuair a bha iad air falbh air làithean saora. Ged a shaoil Ruairidh gur e obair gu math suarach a bh' ann cuideachd, cha b' urra dha ach beachdachadh a-nis gur esan am fear suarach agus iadsan na daoine aig an robh ciall, gliocas agus ro-shealladh. Iad pòsta, len dachaighean spaideil fhèin, le smachd air am beatha agus tiodhlacan an dichill mar thoradh air an caitheamh-beatha. Ro-shealladh? Cha robh leithid de dh'fhacal na briathrachan. Cha bhiodh eadhon beaga ro-shealladh air fhàgail san staing san robh e.

'S mar nach biodh sin fhèin searbh gu leòr, thàinig an ath rud ga lèireadh - a bhràthair Crisdean a' tadhal air. Mar a bhiodh dùil... Crisdean, na shuidhe, leis an aon ghàire mu chòrnair a bheòil 's a bh' air h-uile neach aca. Cha robh bloigheag de thruas eatorra. A h-uile duine a' coimhead a-mach air an son fhèin.

"Seadh, sin thu," arsa Crisdean. "Seo d' àite aon uair eile, eh?" Cha do fhreagair Ruairidh ach a-mhàin a' coimhead ri Crisdean le gràin. "Thàinig thu na do chàr spaideil, tha min dùil." Cha b' e ceist a bh' ann ach fios. Bha Crisdean air gnìomhachas shoirbheachail a thogail le seòmar-aisbeanaidh aige ann an iomadach garaid air feadh na dùthcha, a rèir a sgeòil fhèin. 'S a rèir coltas a bheartais, bha Crisdean cuideachd air saibhreas agus sonas a choileanadh. A bhean a' ruith taigh-òsta a bha gu math ainmeil ann an Lunnainn fhad 's a bha esan - Crisdean - a' cumail sùil aithghearr air mar a bha an t-airgead a' fàs

Bean - rud eile nach robh aig Ruairidh. Ruairidh leis fhèin; bochd, uireasbhaidheach, an taca ri a thriuir bhràithrean 's a dhà phiuthar thoilichte, bheartach, shàsaichte. Bu lugha air eadhon coimhead air aodann riarachta Chrisdein... no Dàibhidh... No Bella... no Eilidh... no Ailean... gach fear agus tè a' seasamh taobh ri taobh, gu tur an aghaidh a shuidheachadh fhèin. Crisdean 's an còrr - gràin air gach fear agus tè.

Air ais leis fhèin, mheòraich Ruairidh air an staing a bha ma choinneamh aon uair eile. Choimhead e

timcheall - eu-dòchas a' laigh mar sgòth dhorch. Chunnt e mach am beagan airgid a bh 'air fhàgail aige. Cha robh mòran. Na bu lugha na dà cheud not. Na mheasg, leth-cheud not airson a' chò-latha breith bho bhràithrean agus a pheathraichean. Nach iongantach, ged a bha iad uile cho beartach, nach b' urra dhaibh ach deich not an duine a thoirt dha 's làn fhios aca uile an suidheachadh garbh san robh e cho tric. Iadsan ag amas air saibhreas, sannt is soirbheachas. Co-dhiù, b' urrainn dha cumail a' dol leis na bh' air fhàgail airson greis co-dhiù uair 's gu faigheadh e a-mach. 'S cha robh fada aige ri dhol.

Nuair a fhuair Ruairidh a shaorsa mu dheireadh thall bha a' chiad sneachd dhen bhliadhna a' tuiteam. Thog e ad, ga làimheachadh timcheall agus timcheall, ag aithneachadh gach pìos mar dhlùth charaid a mhair dileas ris nuair a dhealaich an còrr. Shaoil Ruairidh gur ann airson a chruth fhèin atharrachadh a chum e ris an ad fad a bheath'. Furast' a bhith gun ainm, air leth agus culcharach. Shocraich e inntinn le bhith ri beachdachadh air beatha nas fheàrr.

Le cinnt, chan fheuchadh Ruairidh ri taigh-òsta fhàgail gun pàigheadh tuilleadh. Sin am plòidh a dh'fhàg sa phrìosan e ro thrì - esan a' miannachadh blasad air saimheachas muinntir a' bheartais, 's làn fhios aige nach robh na phòcaid ach na cheannaicheadh ceapaire agus balgam teatha ann an cafaidh beag, salach air choireigin. Fhuair e às leis trup no dhà, ach an dèidh sin chaidh a ghlacadh 's a pheanasachadh. Mèirleach, a' goid stòras nach buineadh dha/ Carson? Cha do dh'fhàg e ach blas gu math searbh na bheil: blas searbh a' phrìosain agus blas nas searbh na bheil: blas searbh a' phrìosain agus blas nas searbh bho chuid theaghlach. Nam measg uile, bha Ruairidh na aonar a' cur smal air dreach neo-lochdach an ionmhais aca.

An taigh aige - esan na mhàladair ach gun airgead airson màl a phàigheadh. Droch staid ma choinneamh mura sealladh e a-mach.

Mar dhealt a' socrachadh air talamh, dh'fhidir Ruairidh nach robh cothroman a chòrr aige. Dh' fheumadh esan riaghailtean a bhuineadh ri piseach a chleachdadh mar staran air an streapadh e a-mach à doimhneachd dhòrainneach suas gu àirde àghmhorachd; riaghailtean a bh' air sonas a bhuileachadh orra-san air an robh e a' dèanamh farmad leis gach anail.

Ruith e a làmhan sìos thairis air a lèine, a bhriogais 's a sheacaid. Cluinntinn fuaim gaath a'

gheamhraidh ag èirigh, ghabh e grèim teann air ad. Bha an t-àm a nis air a thighinn airson gluasad air adhart. Chaidh e gu oir a' chabhsair. Bha na riaghailtean aost a bh' air a cheangal gu beatha mhi-dhòigheil, mhi-chuimseach air am fàgail air a chùlaibh. Riaghailtean ùra, stèidhichte air eòlas, gliocas, toiniseag agus dànachd a' feitheamh. Shaoil Ruairidh gur e bha air a thoirt dha ach an tilgeadh mu dheireadh de dhisinn na beatha.

Thog Ruairidh an dà dhisinn na làimh. Tri air aon agus dhà air an tèile.

Chaidh e cho fada ris an stèisean rèile a b' fhaisg. Bha 'n t-àite a' cur thairis le daoine nan cabhaig, a' tighinn 's a' falbh le spionnadh, mar nach biodh an latha màireach air a ghealltainn. Thug Ruairidh sùil aithghearr timcheall.

"Feumaidh tu pàigheadh dà cheud not a Ruairidh!" dh 'èigh Crisdean. "'S ann leamsa a bhuineas an stèisean rèile seo a bhalaich."

Chòimhead Ruairidh ris a' chnap airgid a bha na làimh - na bu lugha na dà cheud not. Cha robh gu leòr aige. Chuala e fuaim nan còignear a' gàireachdainn còmhla. Shad e na bh' aige a-null gu far an robh Crisdean na shuidhe agus sheas e an-àirde gu cabhagach.

"Suathaideas! Cha do rinn mi càil ach am prìosan fhàgail le beagan airgid na mo làimh, 's tha thusa - a' bhleigeard - ga thoirt bhuam a' chiad chothrom a gheibh thu!"

"Sin an geama a charaid! Tha thusa finished. 'S fheàrr dhut an t-suipear fhaighinn dhuinn uile seach gu bheil thusa out."

"Nach e sin! " arsa Dàibhidh. "Cofaidh dhòmhsa cuimhnich."

"Tost le silidh dhomh fhèin agus Bella."

"Mise cuideachd! Eilidh agus Ailean a' bruidhinn còmhla 's a' gàireachdainn."

Rinn Ruairidh a shlighe chun a' chidsin.

Coire le bùrn air. Aran dhan tostair.

Ìm, silidh... sia cupannan, sia truinsearan, bang, aran-cridhe... dè eile?

Bu lugha air a-riamh Monopolaidh. Cò riamh a smaoinich air geama a tharraing uiread de bhuaireadh am measg teaghlach. Riaghailt neo-oifigeil nan Dòmhnallaich. Monopolaidh air oidhche Nollaig... a h-uile Nollaig a-riamh bho dh'fhosgail sùil air talamh tròcair!

Co-dhiù, siud e seachad airson bliadhna eile. Faochadh do Ruairidh.

Thòisich e feadalaich duanag bheag a bha an co-sheirm ri òran a' choire 's e goil.